

CAMPAIGN FOR REAL ALE	STRÌ AIRSON FÌOR LEANN
<p>What is CAMRA?</p> <p>CAMRA was set up in 1971 and has a growing membership of more than 120,000 individuals across the UK— including over 3,000 in Scotland.</p>	<p>Dè CAMRA?</p> <p>Chaidh CAMRA a chur air bhog ann an 1971 agus tha ballrachd sìor-fàs aige de chòrr is 120,000 pearsachan air feadh Breatainn – nam measg còrr is 3,000 ann an Alba.</p>
<p>CAMRA is a not-for-profit, volunteer-led consumer organisation funded by members' subscriptions, sales of publications and proceeds from beer festivals.</p>	<p>Tha CAMRA na bhuidheann luchd-caitheimh, gun-phrothaid, saor-thoileach, maoinichte le cìsean-ballrachd, le clò-bhualadh a reic agus le teachd-a-steach bho fhèisean-leanna.</p>
<p>CAMRA aims to:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Maintain consumer rights • Promote quality, choice and value for money • Support the public house as a focus for community life • Increase appreciation of traditional beers and ciders 	<p>Tha CAMRA ag amas a bhith:</p> <ul style="list-style-type: none"> • A' dìon chòirichean luchd-caitheimh • Ag adhartachadh mathas, taghadh agus luach an airgid • A' cur taic ris an taigh-òsta mar chridhe beatha na coimhearsnachd • A' meudachadh luachachadh leannan is seideirean traidiseanta
<p>Contact us</p> <p>Why not join us in our campaign to protect and promote choice, quality and value for beer and help us protect Scottish community pubs?</p>	<p>Cuiribh fios thugainn</p> <p>Nach tig sibh còmhla ruinn gus taghadh, mathas agus luach an airgid a dhìon agus adhartachadh? Cuidichibh sinn taighean-òsta coimhearsnachd na h-Alba a dhìon</p>
<p>Get in touch at:</p> <p>The Campaign for Real Ale 230 Hatfield Road St Albans AL1 4LW Tel: 01727 867 201 Email: camra@camra.org.uk www.camra.org.uk Twitter.com/CAMRA_official</p>	<p>Cuiribh brath gu:</p> <p>The Campaign for Real Ale 230 Hatfield Road St Albans AL1 4LW Fòn: 01727 867 201 Post-d: camra@camra.org.uk www.camra.org.uk Twitter.com/CAMRA_official</p>
<p>Or contact CAMRA public affairs team: Jonathan Mail on 01727 798 448 or Emily Ryans on 01727 798 447 or you can email us at: campaigns@camra.org.uk</p>	<p>No cuiribh fios gu ar sgioba chùisean phoblach Jonathan Mail (01727 798 448) no Emily Ryans (01727 798 447) no faodaidh sibh post-dealain a chur thugainn aig campaigns@camra.org.uk</p>

CAMRA's Charter for Scottish Beer Drinkers and Pub Goers	Cùmhnant sgrìobhte aig CAMRA do dh'Albannaich a dh'òlas leann no a thèid gu taighean-òsta
Proud to be speaking up for consumers, community pubs and local brewers!	Moiteil a bhruidhinn as leth luchd-caitheimh, taighean-òsta coimhearsnachd is grùdairean ionadail!
Backing pubs, choice and the consumer voice	A' toirt taic do thaighean-òsta, thaghadh is ghuth luchd-caitheimh
<p>Introduction</p> <p>As a consumer pressure group, wholly independent of commercial vested interests, CAMRA is uniquely placed to be able to set out a comprehensive set of policy options to tackle the current crisis facing community pubs and the brewing industry in Scotland.</p>	<p>Ro-ràdh</p> <p>Mar bhuidheann-tagraidh do luchd-caitheimh, gu tur neo-eisimeileach air beachdan aon-taobhach gnìomhachasach, tha CAMRA san àite as fheàrr gus seat slàn de roghainnean poileasaidh a chur air adhart a dheileagadh ri èiginn an là an-diugh mu choinneamh thaighean-òsta coimhearsnachd agus a' ghnìomhas grùdaidh ann an Alba</p>
Every single week, many pubs across Scotland close forever. The Scottish Government has the power to implement policies which will protect Scottish pubs, brewers and cider makers.	Gach seachainn, dùinidh iomadh taigh-òsta ann an Alba gu siorraidh. Tha cumhachd aig Riaghaltas na h-Alba poileasaidhean a chur air dòigh a dhìonas taighean-òsta, grùdairean is seideireadairean ann an Alba.
In summary, CAMRA is asking Scottish politicians to:	Gu gearr, tha CAMRA ag iarraidh air luchd-poileataics a bhith:
Represent the interests of Scotland's 3 million pub goers, beer and cider drinkers	A' riochdachadh bheachdan den 3 millean Albannaich a thèid gu taighean-òsta no a dh'òlas leann no seideir
Support the economic growth of Scotland's 50 small breweries	A' toirt taic dhan fhàs eaconamach den 50 taighean-grùide beaga Albannach
Promote well-run community pubs and not-for-profit members clubs as part of the solution to alcohol misuse by ending the current advantages enjoyed by the lightly regulated off-trade at the expense of the heavily regulated on-trade.	Ag adhartachadh taighean-òsta coimhearsnachd agus clubaichean ballrachd gun-phrothaid a thèid a ruith gu math mar phàirt de fhuasgladh air mì-ghnàthachadh alcol le bhith a' cur às dha na leasan a tha aig a' mhalaid-dheth le beagan riaghlaidh an coimeas ris a' mhalaid-air le mòran riaghlaidh.
Champion the social, economic and cultural importance of pubs and not-for-profit members clubs.	A' togail a' chudrom sòisealta, eaconamach is cultarach de thaighean-òsta agus clubaichean ballrachd gun-phrothaid.

<p>CAMRA is calling for the next Scottish Government to:</p>	<p>Tha CAMRA a’ gairm air ath-Riaghaltas na h-Alba a bhith:</p>
<ul style="list-style-type: none"> • Empower local communities by introducing an equivalent of the Sustainable Communities Act (England) so that Scottish communities are able to seek greater control over issues which affect them. 	<ul style="list-style-type: none"> • A’ toirt ùghdarras do choimhearsnachdan ionadail le Achd a thoirt a-steach a bhios mar Achd na Coimhearsnachdan Seasmhach (Sasainn) gus comas a thoirt do choimhearsnachdan Albannach smachd nas motha a shireadh air cùisean a shuathas riutha.
<ul style="list-style-type: none"> • Ensure that consumer interests are adequately represented on Licensing Boards. 	<ul style="list-style-type: none"> • A’ dèanamh cinnteach gum bi beachdan luchd-caitheimh air an riochdachadh gu ceart air Bòrdan Ceadachd.
<ul style="list-style-type: none"> • Introduce new classes of business rate relief for local services, including pubs, which are centres of community life and/or sell a high proportion of local food and drink. 	<ul style="list-style-type: none"> • A’ toirt a-steach ìrean ùra faochaidh bho ràtaichean gnothaich airson seirbheisean ionadail, nam measg taighean-òsta, a tha aig teas-mheadhan beatha na coimhearsnachd agus/no a reiceas cuid mhòr de bhiadh is deoch ionadail.
<ul style="list-style-type: none"> • Amend planning law guidelines so that planning permission to convert a pub to another use will only be granted following an independent assessment of business viability and community need by the planning authority. 	<ul style="list-style-type: none"> • A’ leasachadh stiùireadh lagh dealbhaidh gus nach bi cead dealbhaidh taigh-òsta iompachadh gu cleachdadh eile a thoirt seachad gun mheasadh neo-eisimeileach leis an ùghdarras dealbhaidh air an ion-obrachaidh malairtich agus dìth coimhearsnachd.
<ul style="list-style-type: none"> • Close the current planning law loophole that allows pubs and other local services to be demolished without the requirement for planning permission or any community consultation. 	<ul style="list-style-type: none"> • A’ dùnadh a’ bheàrn san lagh dealbhaidh a leigeas taighean-òsta agus seirbheisean ionadail eile a bhith air an sgrios gun fheum gum bi cead dealbhaidh no co-chomhairle coimhearsnachd ann.
<ul style="list-style-type: none"> • Rebalance the disparity in pricing between the on-trade and the off-trade, by preventing the below cost sale of alcohol in the off-trade. 	<ul style="list-style-type: none"> • A’ ceartachadh diofar nam prìsean eadar a’ mhalaid-air agus a’ mhalaid-dheth, le bac a chur air alcol a reic fo chosg anns a’ mhalaid-dheth.
<ul style="list-style-type: none"> • Work with Scottish brewers to raise the profile of the sector as part of the Government’s work to support the economic growth of Scotland’s food and drink industry. 	<ul style="list-style-type: none"> • Ag obair còmhla ri grùdairean Albannach gus cliù na h-earrainn a thogail mar phàirt de dh’obair an Riaghaltais taic a thoirt dhan fhàs eaconamach aig a’ ghnìomhas bidh is deoch na h-Alba.
<ul style="list-style-type: none"> • Seek additional powers to enable the Scottish Parliament to legislate so that pubs tied by large pub companies can sell at least one locally produced beer or cider purchased on the open market. 	<ul style="list-style-type: none"> • A’ sireadh ùghdarras a bharrachd gus comas a thoirt do Phàrlamaid na h-Alba laghan a thoirt a-steach a bheireadh cumhachd do thaighean-òsta ceangailte ri companaidhean mòra aon leann no seideir ionadail a reic a cheannaich iad air a’ mhargadh fhosgailte.

Local Brewery	Taigh-grùide ionadail
Mass Market	Margadh do a h-uile duine
Imports	In-mhalairtean
Closed	Dùinte
Now flats	Flataichean a-nis